

Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba

Cunntas bliadhnail 2017

Togail air soirbheas

Tha bliadhna air leth air a bhith aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba. Chuir sinn fàilte air 2.7 millean luchd-tadhail anns na taighean-tasgaidh againn, agus 1.84 millean dhiubh sin aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, an àireamh as àirde de dhaoine a thadhail air taigh-tasgaidh taobh a-muigh Lunnainn agus an àireamh as àirde a thadhail air ionad turais sam bith ann an Alba.

Tha an ceangal eadarainn fhèin agus an luchd-tadhail, na com-pàirtichean agus an luchd-ùidh againn a' sìor-fhàs nas treasa agus tha sinn mothachail gu bheil an ceangal sin air a bhith aig teis-meadhan ar cuid soirbheis. Tha sinn a' cur romhainn gun cùm sinn oirnn a' leasachadh agus ag ùrachadh nan taighean-tasgaidh againn, a' leudachadh nan cruinneachaidhean agus a' leigeil le barrachd dhaoine a thighinn an sàs is a' gabhail tlachd agus brosnachadh às na Cruinneachaidhean Nàiseanta.

Tha sinn fìor thoilichte an naidheachd a sgaoileadh gun robh sinn soirbheachail is sinn a' ceannach Tasgaidh Ghall-Ghàidhealaibh a tha a' leigeil leis na sgiobannan eòlach againn tòiseachadh air obair glèidhidh agus rannsachadh air eachdraidh nan ulaidhean. Tha sinn an taing mhòr National Heritage Memorial Fund, Art Fund, Riaghaltas na h-Alba, nan urrasan is stèidhean agus còrr is mìle luchd-tabhartais a thug taic dhuinn gus an ruigeamaid an targaid de £1.98 millean.

Tha sgaoileadh soirbheachail na Ro-innleachd Nàiseanta againn as t-fhoghar 2016 air an obair chom-pàirteachaidh againn le taighean-tasgaidh air feadh Alba agus an taic a bheir sinn dhaibh a phiobrachadh às ùr: a' co-roinn ar cuid chruinneachaidhean, a' cumail taic ri obair coimhearsnachd leithid taisbeanaidhean taistealach agus leasachadh sgilean is eòlais. Tha sinn a-nis an sàs ann an obair anns gach sgìre ùghdarrais ionadail ann an Alba.

Tha sgaoileadh nan Cruinneachaidhean Nàiseanta cho farsaing 's a ghabhas aig teis-meadhan na ro-innleachd ùire againn air taisbeanaidhean taistealach. 'S ann an 2017 a thug sinn prìomh thaisbeanadh a rinn sinn fhèin air turas mòr eadar-nàiseanta. Dh'fhosgail sinn *Monkey Business* anns a' Bhruiseil anns an Dàmhair 2017 agus thèid e air adhart gu Astràilia, An Spàinn agus An Fhionnlainn. A-bhos an seo, chuir daoine eadar Bigear agus Bràgar cèilidh air *Fossil Hunters*, a' chiad taisbeanadh anns a' phrògram ùr againn de thursan cunbhalach a bhios a' siubhal air feadh Alba.

Tha sinn moiteil gu bheil na deich gaileiridhean ùra aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, a dh'fhosgail ann an 2016, air cliù eadar-nàiseanta a chosnadh agus iad air 'Taisbeanadh Buan As Fheàrr' a ghleidheadh aig Duaisean Thaighean-tasgaidh is Dualchais na Rìoghachd Aonaichte agus Duais Dibner ann an Ameireaga airson 'Sàr-obair an lùib Taisbeanadh Taigh-tasgaidh'. Tha an soirbheas seo a' piobrachadh ar cuid adhartais leis a' phàirt mu dheireadh den Mhòr-phlana againn luach £80 millean. Thèid dà ghaileiridh ùr fhosgladh tràth ann an 2019, le taic Mhaoin Dualchais a' Chrannchair, is iad stèidhichte air na cruinneachaidhean cudromach eadar-nàiseanta – cruinneachaidhean Àisia an Ear agus na h-Èiphit o shean. 'S e crìoch air leth iomchaidh don phròiseict shoirbheachail a bhios ann.

Cha bhiodh an obair luachmhor seo air a bhith comasach mura b' e taic leantainneach is dhìleas an luchd-tabhartais, an luchd-taic, nan com-pàirtichean agus an luchd-saor-thoileach againn. Tha sinn fada nan comain airson an cuid fialaidheachd agus ag iarraidh orra gun lean an cuid taic an cois na slighe a tha romhainn a bhios nas soirbheachaile buileach.

Bu mhath leinn cuideachd taing a thoirt don luchd-obrach againn. Mura b' e an cuid obrach cruaidh, dealais, spionnadh agus eòlais cha bhiodh Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a cheart cho soirbheachail 's a tha iad agus cha bhitheadh air a' bhliadhna air leth seo a thoirt gu buil às an aonais.

Bruce Minto OBE, Cathraiche

An t-Oll. Gordon Rintoul CBE, Stiùiriche

Àireamhan na bliadhna

155,643
luchd-leantainn air na meadhanan-sòisealta

2,714,379
luchd-tadhail

630,000
nithean gan cur an cruth didseatach

2,186,554
tadhalan làraich-lìn

253,039
a' com-pàirteachadh ann an gnìomhan ionnsachaidh

1,419
buidhnean sgoile

4,347
nithean air iasad

Ceanglaichean leis an luchd-tadhail

Bidh na milleanan de dhaoine a' faighinn tlachd à Cruinneachaidhean Nàiseanta na h-Alba gach bliadhna

"Cruinneachadh air leth de nithean tùsail. Bheothaich iad an sgeul dhomh. Barrachd mas e ur toil e!"

"Taisbeanadh iongantach air eagrachadh is a dhealbhadh gu math. Eòlas math air atharrachaidhean eachdraidheil."

Àireamh Luchd-tadhail A' Fàs

Bha àrdachadh san àireimh de luchd-tadhail anns na ceithir taighean-tasgaidh am bliadhna, agus an àireamh bhliadhnail a b' àirde a-riamh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh agus an Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dhùthchail. An dèidh soirbheas iongantach an lùib fosgladh nan deich gaileiridhean ùra ann an 2016, chuir Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba fàilte air còrr is 1.8 millean luchd-tadhail, an àireamh as motha de luchd-tadhail aig taigh-tasgaidh sam bith taobh a-muigh Lunnainn. Thadhail còrr is 85,000 daoine air na tallachan ùra aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich. Thadhail còrr is 687,000 daoine air Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh, agus airson a' chiad turais a-riamh, thadhail còrr is 100,000 daoine air an Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dhùthchail.

Taisbeanaidhean Iongantach

Chaidh *The Tomb: Ancient Egyptian Burial* fhosgladh sa Mhàrt, a bha a' taisbeanadh seann tuama no uaigh Èiphiteach a chaidh a thogail mu 1290 RC agus ath-chleachdadh fad mìle bliadhna mus deach a dhùnadh slàn tràth sa chiad linn AC. Chaidh nithean bhon tuama a chur gu feum airson innse ciamar a dh'atharraich nòsan tiodhlacaidh san Èiphit thar nan linntean. Bha fèill mhòr air an taisbeanadh agus còrr is 100,000 daoine a' tadhal ann - an àireamh à b' àirde de luchd-tadhail againn a-riamh.

Anns an aon mhìos, chaidh *Safer Steps: The Work of the HALO Trust* fhosgladh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh, anns an robhar a' taisbeanadh obair an Urrais, a' bhuidheann as motha san t-saoghal a tha a' glanadh talmhainn anns a bheil mèinnean. Tha an com-pàirteachas ùr seo air leigeil le Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba co-theacsa nuadh cudromach a rannsachadh airson nan taisbeanaidhean aig an Taigh-tasgaidh, is sinn a' taisbeanadh na buaidh aig cogadh air slughan ionadail fada an dèidh crìoch a thighinn air an t-sabaid.

Dh'fhosgail *Am Prionnsa Teàrlach agus na Seumasaich* anns an Ògmhios le molaidhean mòra. B' e seo an taisbeanadh a bu mhotha mu na Seumasaich fad 70 bliadhna. Ged as e riochdaire romansach nan Seumasach a bh' anns a' Phrionnsa, rugadh agus chaochail e sa Ròimh, agus cha do chuir e seachad ach 14 mìosan de bheatha ann an Alba. Thug an taisbeanadh sùil air dà cheud bhliadhna de dh'eachdraidh nan Seumasach agus a luchd-taic ann am Breatainn, Èirinn agus san Roinn Eòrpa.

"Sealladh farsaing is mionaideach, agus riatanach do dhuine sam bith aig a bheil meas air eachdraidh na h-Alba."

***** An t-Albannach

Aig Cridhe Baile Mòr na Fèis

Bidh Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba an làthair fad na bliadhna a-nis mar phrìomh làrach airson nam fèisean beairteach is eadar-mheasgte ann an Dùn Èideann. Chaidh a'

bhliadhna a chur air chois le *Sprogmanay*, trì làithean de ghnòthaichean teaghlach agus cèilidh mhòir an lùib na bha a' dol air Oidhche Challainn. Bha *Burns Unbound* ann anns an Fhaoilleach - latha làn ciùil, bàrdachd is cleasachd le taic EventScotland. Anns a' Ghiblean, bha sinn nar prìomh phàirt de dh'Fhèis Eadar-nàiseanta nan Speuran, anns an robh taisbeanaidhean, bùithtean-obrach, deasbadan is òraidean, ann an com-pàirteachas le Oilthigh Dhùn Èideann airson na gaileiridhean ùra saidheans is teicneolas againn a thaisbeanadh. Bha e na thlachd dhuinn fàilte a chur air Fèis Eadar-Nàiseanta na Cloinne ann an Dùn Èideann sa Chèitean, agus prògram de thaisbeanaidhean ann air feadh an Taigh-tasgaidh.

Anns an Lùnastal, san dàrna bliadhna den chom-pàirteachas againn le Gilded Balloon, riochdairean *Fringe* Dhùn Èideann, thaisbean sinn prògram measgaichte de chomadaidh, dràma, ceòl is taisbeanaidhean airson na cloinne ann an nòs ainmeil a' *Fringe*. Chaidh com-pàirteachas ùr le Tatù Rìoghail Dhùn Èideann a chur air chois agus chunnaic còrr is 220,000 de luchd-amhairc an Tatù earrainnean dràma, bàrdachd is ciùil bhon taisbeanadh *Am Prionnsa Teàrlach agus na Seumasaich* gam filladh an lùib na sgeulachd. Bha Free Fringe Music, air am bi fèill mhòr, ann an com-pàirteachas le Live Music Now Scotland, a' taisbeanadh an luchd-ciùil as fheàrr is iad a' gabhail òran sa Ghàidhlig is sa Bheurla cho math ri ceòl, agus bha na taisbeanaidhean againn den chuid a b' fheàrr den a' *Fringe*, *Museum After Hours*, loma-làn a-rithist.

"Tha an Taigh-tasgaidh àibheiseach - tha e math a bhith a' siolpadh a-mach is a-steach aig iomadh taisbeanadh."

"S e àite air leth a th' anns an Taigh-tasgaidh agus bha na taisbeanaidhean den ìre as àirde."

"Sàr obair - 's bochd nach eil barrachd dheth seo sna Stàitean!"

Bliadhna Eachdraidh, Dualchais agus Arc-eòlais

B' e *Am Prionnsa Teàrlach agus na Seumasaich* am prìomh taisbeanadh sa bhliadhna shònraichte a dhealbhaich VisitScotland, ceangailte ri slighe thurasachd air feadh Alba airson luchd-tadhail eadar-nàiseanta. Bha Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba mar phrìomh chom-pàirtiche anns a' phròiseact air feadh Dhùn Èideann, *101 Objects*. 'S e dòigh ùr a bha seo airson luchd-tadhail agus muinntir a' bhaile a bhith a' faighinn tlachd às a' bhaile tro 101 nì a bha ainmeil agus cuid nach robh cho ainmeil. Am measg nan nithean bho na cruinneachaidhean bha seudan le Màiri, Ban-rìgh na h-Alba agus measgaidhean-peanta bho Dhrochaid Rèile Fhoirthe.

Duaisean aig Fèis Rìoghail na Gàidhealtachd

Tha còrr is 400 beathach eadar eich is crodh, mucan, caoraich is cearcan aig an tuathanas aig an Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dhùthchail. Anns an Dùbhlachd 2016, chuir an Taigh-tasgaidh fàilte air dà laogh Ghàidhealach - Airgead II agus Ceò V - agus ainmean Gàidhlig orra a rèir nòsan gnè a' chruidh seo. Bha sinn moiteil às a' chroth Ayrshire againn agus Tulip's Prodigy a' glèidheadh an dàrna àite agus Candy's Rose a' cheathramh àite san fharpais 'agh a rugadh air no an dèidh 1 Dàmhair 2015' aig Fèis Rìoghail na Gàidhealtachd.

Soirbheas sna Duaisean Didseatach

Tha sinn a' leantainn oirnn is a' dèanamh feum de dhòighean didseatach airson na taighean-tasgaidh againn a thaisbeanadh air feadh an t-saoghail. Tha an roinn Explore den làraich-lìn againn a' toirt eòlas iongantach dhuinn mu na cruinneachaidhean tro sgeulachdan ioma-mheadhan, geamannan air-loidhne, goireasan ionnsachaidh agus stòr-dàta de chòrr is 630,000 nì. An dèidh a foillseachadh às ùr ann an 2016, tha an làrach air cliù eadar-nàiseanta a chosnadh a leithid duais Drum Scottish Creative agus duais GLAMi bhon cho-labhairt chliùitich Ameireaganaich *Museums and the Web*.

An taobh a-muigh

An Ro-innleachd Nàiseanta an gnìomh air feadh Alba

Iasadan Nàiseanta

Tha am prògram iasadan againn a' toirt nithean bho na Cruinneachaidhean Nàiseanta do choimhearsnachdan air feadh na dùthcha, a' leigeil le barrachd dhaoine am faicinn. Chaidh 4,347 nithean a chur air iasad aig 124 buidhnean air feadh Alba an-uiridh. Nam measg bha còrr is 80 nì air iasad fada aig Museum nan Eilean ann an Steòrnabhagh, agus Bachall Thaigh Mhàrtainn aig Ionad Tadhail Urras Thaigh Mhàrtainn an lùib Bliadhna Eachdraidh, Dualchais agus Arc-eòlais.

Tursan Nàiseanta

Air a mhaoineachadh le Urras Dualchais a' Chrannchuir agus Comhairle Rannsachaidh na h-Àrainneachd Nàdarra (NERC), thaisbean *Fossil Hunters: Unearthing the Mystery of Life on Land* fosailean iongantach a chaidh a lorg anns na Crichean. Bha na fosailean seo a' taisbeanadh clach-mhìle chudromach ann am beatha sa chruinne: an gluasad eadar beatha san uisge is beatha air tìr. An dèidh greis shoirbheachail aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an 2016, chaidh an taisbeanadh gu Bigear agus Taigh-tasgaidh Dàil Chluaidh, Taigh-tasgaidh is Gaileiridh Mhon Rois, agus Museum nan Eilean. Bha dà thuras taisbeanaidh nas bige ann airson nithean sònraichte - *Reflections on Celts* agus *Gifts for a Jacobite Prince* - a' cur ris na prìomh thaisbeanaidhean aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Agus cuide ris na ceuman mu dheireadh den phròiseact air a' Chogadh Mhòr, *Next of Kin* - uile gu lèir thadhail 179,000 daoine à coimhearsnachdan air feadh Alba air na taisbeanaidhean taistealach againn.

"Thug e cothrom don Taigh-tasgaidh pàirt de a chruinneachadh fhèin a thaisbeanadh agus ùidh a bhrosnachadh ann am fosailean san sgìre a-rithist."

Linda Fhriseal, Oifigear Taigh-tasgaidh, Taigh-tasgaidh is Gaileiridh Mhon Rois.

11,491 daoine an sàs ann am pròiseactan coimhearsnachd

Com-pàirteachadh anns gach sgìre comhairle an Alba

Taic ga toirt gu 148 taighean-tasgaidh

Prògram Trèanadh Nàiseanta

Tha trèanadh sgìlean is eòlais air cruinneachaidhean ri fhaighinn do luchd-obrach ann an taighean-tasgaidh air feadh Alba an lùib a' Phrògram Trèanadh Nàiseanta againn. Ann an 2016/17, libhrig sinn 255 àiteachan trèanadh do luchd-obrach thaighean-tasgaidh ionadail. Am measg nan cuspairean, bha sònrachadh is gleidheadh airgead Albannach, gleidheadh cruinneachaidhean aodaich, sàr chleachdadh ann an libhrigeadh chruinneachaidhean, a' cur bhileagan fiosrachaidh ri nithean, agus leasachadh ro-innleachd stiùiridh airson peistean a làimhseachadh.

Bha tachartasan an lùib a' Phrògram Nàiseanta anns gach sgìre comhairle ann an Alba.

Chaidh taic a thoirt do 148 taighean-tasgaidh tro thrèanadh, iasadan, tursan agus pròiseactan coimhearsnachd, òraidean agus comhairle bho eòlaichean.

Maoin Nàiseanta Ceannachd

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a' stiùireadh Maoin Nàiseanta Ceannachd luach £150,000 a tha air a sholar gach bliadhna le Riaghaltas a h-Alba airson taic a thoirt do thaighean-tasgaidh, gaileiridhean, leabharlannan is tasglannan air feadh Alba le ceannachd nithean airson an cruinneachaidhean. Tha co-dhùnaidhean air iarrtasan stèidhichte air beachdan eòlaichean anns an luchd-obrach ghleidhidh againn fhèin agus aig Gaileiridhean Nàiseanta na h-Alba agus Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Ann an 2016/17, chùm a' Mhaoin taic ri 64 suidheachaidhean ceannachd luach £372,860 airson na cruinneachaidhean aig 31 buidhnean a chuideachadh is a leudachadh ann an 16 sgìre comhairle air feadh Alba.

A' Toirt Alba don t-Saoghal Mhòr

Ar cuid obrach air beulaibh an t-saoghail

Tursan Thar Muir is Tìr

'S e *Monkeys! A Primate Story* a' chiad phrìomh thaisbeanadh le Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a chuireadh air turas a-null thairis. Bha e stèidhichte air an taisbeanadh teaghlaich, *Monkey Business* a bha ga shealltainn ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba eadar an Dùbhlachd 2016 agus an Giblean 2017 agus a sgrùdaich beatha mhuncaidhean is apaichean, eadar an liomar-luchaig beag bìodach agus an goiriola mòr cumhachdach. Tha 60 closach-lìonta is cnàmharlach iongantach ùr ann de mhuncaidhean, apaichean, liomairean agus galàgothan cho math ri taisbeanaidhean eadar-obrachail, filmichean, modalan agus dealbhan. Bidh an taisbeanadh a' siubhal air feadh an t-saoghail eadar an Dàmhair 2017 agus am Faoilleach 2021 agus a' stad aig àiteachan a leithid Institiùd Saidheans Nàdarra na Beilge anns a' Bhruiseil, Taigh-tasgaidh Queensland ann am Brisbane agus Taigh-tasgaidh Saidheans Nàdarra Bharcelona.

Co-obrachadh Sgoileireil

Tha fèill mhòr air an luchd-gleidhidh againn airson an cuid obrach a thaisbeanadh air feadh an t-saoghail aig co-labhairtean sgoileireil agus càirdeasan le ionadan sgoileireil eile a neartachadh. Tha an com-pàirteachas eadar-nàiseanta aig Dr. Nick Friseal le Oilthigh Bheijing agus Taigh-tasgaidh Field ann an Chicago a' leantainn, is iad air grunn ghnèithean ùra de sheann snàgairean a lorg – creutairean iongantach a bha beò ann an cuantan an linn Treasaich. Bidh Meòrachan Com-pàirteachaidh ùr le Institiùdan Nàiseanta nan Daonnachdan anns an t-Seapain, a' cumail taic ri ar cuid oidhirpean airson gaileiridh ùr a leasachadh ann an Àisia an Ear, agus leigidh e leinn sgilean gleidhidh is eòlais a cho-roinn a bheir barrachd tuigse dhuinn mu na cruinneachaidhean Seapanach againn.

Airgead, Inbhe agus Co-luadar

Tha sinn air lionra rannsachaidh a chruthachadh – *Silver, Status and Society – the transition from Late Roman to Early Medieval Europe*, a tha gar cuideachadh le bhith a' cur ar cuid eòlais air airgead tràth na h-Alba ann an co-theacsa Eòrpach.

Tha an lionra, a tha a' faighinn taic bho Chomhairle Rannsachaidh nan Ealain is nan Daonnachdan san RA, a' leudachadh obair Pròiseact Rannsachaidh Glenmorangie a th' air a stiùireadh le Alice Blackwell, agus às an do dh'èirich an taisbeanadh agus an leabhar *Scotland's Early Silver*. Thèid toraidhean an lìonraidh a sgaoileadh gu poblach aig co-labhairt ann an Dùn Èideann, agus a sgaoileadh gu sgoileireil aig co-labhairtean rannsachaidh san RA agus san Danmhairg.

An Stèidheachd Ameireaganach Againn

Bidh an Stèidheachd Ameireaganach airson Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a' leigeil leinn ceanglaichean a dhèanamh le daoine ann an Ameireaga a Tuath aig a bheil ùidh mhòr ann an Alba. Bidh a cuid taic gar cuideachadh ann a bhith a' foillseachadh sgeulachdan nan nithean iongantach ann an Cruinneachaidhean Nàiseanta na h-Alba, agus a' toirt cothrom do na milleanan de dhaoine am faicinn gach bliadhna.

Am bliadhna, tha caraidean agus luchd-taic anns na Stàitean Aonaichte air a bhith riatanach san iomairt againn airson Tasgaidh Ghall-Ghàidhealaibh a shàbhaladh, agus airson ceum eile a ghabhail a dh'ionnsaigh coileanadh plana mòr an ùrachaidh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba luach £80 millean.

Co-roinn cruinneachaidhean na h-Alba

Bidh an luchd-tadhail againn a' sgaoileadh fios mu thursan do na taighean-tasgaidh againn agus còrr is 155,000 luchd-leantainn againn air na meadhanan sòisealta

Obair choimhearsnachd

A' co-obrachadh le iomadh coimhearsnachd airson ceanglaichean a dhèanamh leis na cruinneachaidhean

Boireannaich Lùchairt Hamaltan

Chuir oileanaich air cùrsaichean Maise-gnùis is Gruagaireachd aig Colaiste Siorrachd Lannraig a Deas cruinneachaidhean fasain Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Taigh-tasgaidh Low Parks gu feum airson fèin-aithne, ìomhaigh chorpóra agus mar a bhite a' mìneachadh 'deagh choltas' tro na linntean a rannsachadh. Chleachd iad tùsan eachdraidheil agus dh'ionnsaich iad mu chòignear bhoireannach a bha a' fuireach ann an Lùchairt Hamaltan: cò iad? - dè na dùbhlanan a bha romhpa? – agus ciamar a riochdaich iad iad fhèin tro an coltas. Thàinig am pròiseact gu crìch aig seisean dhealbhan-camara sa Mhausoleum, an aon phàirt den lùchairt a tha maireann, far an do thaisbean na modailean an cuid ghruagan, maise-gnùis agus aodaich a dhealbhaich a' bhuidheann. Tha am pròiseact seo air daoine òga a tha dualtach a bhith 'doirbh a ruigheachd' a phiobrachadh tro dhualchas na sgìre agus na Cruinneachaidhean Nàiseanta agus bha eòlas obrach luachmhor na lùib do na h-oileanaich, a chuireas ri an clàr-obrach a dh'fhaodas iad cleachdadh sna slighean-obrach aca.

Foghlam agus Trèanadh STEM

Tha sinn a' leasachadh agus a' stiùireadh iomairtean foghlaim, is sinn a' togail air soirbheas nan sia gaileiridhean ùra stèidhichte air saidheans is teicneolas, airson barrachd com-pàirteachais leis a' mhòr-shluagh a bhrosnachadh an lùib Saidheans, Teicneolais, Innleadaireachd agus Matamataig (STEM). Tha còrr is 500 sgoilear agus coimhearsnachdan ann an Siorrachd Lannraig a Deas, Meadhan Lodainn agus Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar air pàirt a ghabhail ann am bùithtean-obrach co-cheangailte ri cumhachd ath-nuadhachail tro *Powering Up*, prògram coimhearsnachd nàiseanta ann an saidheans le taic Stèidheachd ScottishPower. Chaidh cothrom a thoirt do dh'innleadairean eòlach an cuid eòlais a thoirt do dheugairean an lùib *Engaging with Experience* aig Taigh-tasgaidh na h-Itealaich, pròiseact thar ghinealachan a tha a' tairgsinn cothrom obrach ann am fìor àite-obrach airson sgilean am measg dhaoine òga a neartachadh. Thar 18 mìosan, tha sgioba de chòignear air obrachadh le 12 dhuine is iad a' stialladh agus a' togail às ùr einnsean Havilland Gypsy Queen agus a' togail phàirtean mòra eile de dh'itealanan.

"Tha e doirbh do mo nighean gu tric na tha i a' ciallachadh a chur an cèill, ach dh'innis i dhomh sa chàr gun do chòrd an turas don taigh-tasgaidh rithe agus tha i airson tilleadh do na h-Èiphitich."

Goireasan do Chloinn air Sgèile Òtasaim

Bha 54 daoine an làthair aig seiseanan *Early Door* air an dealbhadh a dh'aona-ghnothach airson taic a chumail ri teaghlaiichean aig a bheil clann air sgèile òtasaim airson sealladh socair prìobhaideach fhaighinn den taisbeanadh *The Tomb* mus fosgladh e don mhòr-shluagh. Rinn na seiseanan feum de ghoireasan làimhseachaidh ùra air na h-Èiphitich airson taic a chumail ri obair le sgoiltean no buidhnean nach urrainnear tadhal air an Taigh-tasgaidh. Tha sinn air pocannan-droma ùra a sholar airson taic a chumail ri pàrantan air tursan fèin-stiùirichte.

"S e pròiseact air leth a th' ann a tha a' ceangal gu math leis a' phròiseact STEM againn agus air iomadh cuspair, STEM, cànanan, eachdraidh ealain, dealbhadh, innleadaireachd, teicneolas."

**A' Bhean-phòsta M. Kelly, Tidsear,
Bun-sgoil Mhagh-linn
Brosnachadh Cruthachaidh**

Chaidh 380 sgoilear P7 à Siorrachd Àir an Ear an sàs ann an *I Am Here*, pròiseact ceithir seachdainean air a mhaoineachadh le Alba Chruthachail is Comhairle Siorrachd Àir an Ear.

Cha robh a' mhòr-chuid de na sgoilearan air tadhal air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a-riamh agus anns na tursan a mhair fad dà latha fhuair iad cothrom air na gaileiridhean a rannsachadh agus pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean, geamannan luirg, seiseanan làimhseachaidh agus bùithtean-obrach.

An dèidh dhaibh tilleadh don sgoil, dh'obraich na sgoileirean cuide ri luchd-seudraidh proifeiseanta airson cuid de na dòighean-obrach is stuthan co-cheangailte leis na seudan aig an Taigh-tasgaidh a chur an sàs an lùib nan seudan aca fhèin a chaidh a thaisbeanadh an uair sin ann an Cille Mheàrnaig agus Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Neartachadh dualchas na h-Alba

Ulaidhean ùra a' cur ris a' chruinneachadh

Vase Bhurges

Tha vase sònraichte bho sheata de cheithir dhiubh, air an dealbhadh leis an ailtire is dealbhadair nuadh-Ghotach, William Burges (1827-81), air cur gu mòr ris a' ghaileiridh ùr againn Design for Living. Bha an soitheach an lùib obair-dealbhadh Bhurges air aon de na seòmraichean a bu chliùitiche leis; an Seòmar Smocaidh Samhraidh aig Caisteal Chardiff, air a dhealbadh is a thogail eadar 1866 agus 1874 airson an treas Marcas Bhòid. Chaidh casg às-mhalairt a chur air, a leig leinn a ghleidheadh airson na dùthcha le taic Maoin Nàiseanta Chuimhneachaidh Dualchais agus Urras Carthannach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Tasgaidh Ghall-Ghàidhealaibh

Bha sinn soirbheachail le bhith a' togail £1.98 millean, a leig leinn Tasgaidh Ghall-Ghàidhealaibh a cheannach, a tha air aon de na cruinneachaidhean de nithean tearc is àraid bho linn nan Lochlannach a chaidh a lorg a-riamh ann am Breatainn no Èirinn. Tha an Tasgaidh cudromach gu h-eadar-nàiseanta agus thèid ar n-eòlas air an linn seo atharrachadh gu tur ri a linn. Chaidh a lorg le lorgaire-meatailt ann an Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh agus tha còrr is 100 pìos ann de dh'òr, de dh'airgead is nithean eile bho linn nan Lochlannach a chaidh a thiodhlacadh aig toiseach an 10mh linn. 'S urrainn dhuinn obair gleidhidh is rannsachaidh a chur an sàs a-nis airson eachdraidh na Tasgaidh a chur ri chèile.

Ann an àm ri teachd, thèid nithean on Tasgaidh a thaisbeanadh ann an Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, ann an Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh agus ceàrnaidhean eile de dh'Alba gus am faic nas urrainnear na h-ulaidhean seo. Tha sinn an taing Mhaoin Nàiseanta Chuimhneachaidh Dualchais, Urras Carthannach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus ar Luchd-taic, Buill is luchd-tadhail airson an cuid taic fhialaidh a leig leinn Tasgaidh Ghall-Ghàidhealaibh a cheannach agus a ghleidheadh airson iomadh ginealach ri teachd.

Seud Fhothair Chàrdainn

Ann an a' Mhàrt cheannaich sinn seud fìor thearc bho Linn an Ath-bheothachaidh – glasag-mhuineil òir le gairneid *almandine* on 16mh linn. Chaidh a dhèanamh eadar 1570-80 agus tha an nì finealta ealanta seo a' toirt cothroim dhuinn barrachd ionnsachadh mu linn an Ath-bheothachaidh ann an Alba. Bhuin a' ghlasag ri cruinneachadh priobhaideach teaghlach Fhoirbeis às a' Bhaile Shligeach a tha de shliochd Rìgh Raibeirt II. Tha sinn an comain Art Fund, a' Chrannchuir Nàiseanta agus Urras Carthannach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba airson an taic fhialaidh.

Ga chur an gnìomh

Ag obair còmhla airson linn seasmhach a thoirt gu buil

Brosnachadh ar Luchd-obrach

'S e *Brosnachadh Dhaoine* an tiotal a th' air Ro-innleachd Leasachadh Dhaoine is na Buidhne 2017-20. Bheir e taic dhuinn, cuide ris a' Phlana Ghnìomh, is sinn a' coileanadh ar cuid chothroman is dhùbhlanan mar a chithear san Ro-innleachd againn, tro chaochladh gnìomhan stèidhichte air na ceithir cuspairean co-cheangailte, Ceannardas is Ionnsachadh, Com-pàirteachas is Co-obrachadh, Dèanadas is Aithneachadh, agus Slàinte is Soirbheas.

Luchd-saor-thoileach

Tha luchd-saor-thoileach nam pàirt chudromach agus luachmhor de Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba, is iad a' toirt seachad an cuid ùine is dealais airson taic a chumail ri ar n-obair, agus a' toirt dhuinn eòlas, beachdan is lèirsinn ùr. Anns a' bhliadhna a dh'fhalbh, chùm am Prògram Shaor-thoileach againn taic ri 597 daoine ann an obair a leasaich an cuid sgilean pearsanta, proifeiseanta is coimhearsnachd. Am measg nan dleastanasan a chaidh a choileanadh bha dealbhadh thachartasan, libhrigeadh thursan, togail dhealbhan, co-òrdanachadh bhuidhnean sgoile agus gàirnealaireachd. Chaidh Ro-innleachd Shaor-thoileach ùr a leasachadh ann an 2016 airson dèanamh cinnteach gun neartaich sinn an goireas luachmhor seo sna bliadhnaichean ri teachd.

"Tha obair shaor-thoileach nas fheàrr na bha mi an dùil. Tha mi air sgilean gàirnealaireachd ionnsachadh fhad 's a chuir mi mo chuid Beurla gu feum agus air caraidean ùra a lorg – chan eil mi diùid tuilleadh! Mholainn gu mòr obair shaor-thoileach oir tha an t-uabhas chothroman ann airson do sgilean a chur gu feum."

Viktoria Urikova, Gàirnealair Saor-thoileach

Leudachadh ar Teachd A-steach

Tha gleidheadh teachd a-steach nach eil air tighinn on Riaghaltas air aon de na prìomh thargaidean airson ar n-amasan a choileanadh san àm ri teachd. Tha e riatanach airson leigeil leinn maoinachadh sa gheàrr-ùine, sa mheadhan-ùine agus san fhad-ùine a chumail ris na cruinneachaidhean, togalaichean is goireasan againn. Tha sinn ag obair gu h-èasgaidh airson ar ballrachd a leudachadh, maoinachadh a tharraing agus iomairtean teachd a-steach a thoirt am meud tro phròiseactan, taisbeanaidhean is tachartasan, com-pàirteachasan ùra agus gnìomhan coimeirsealta.

Duaisean Òir

Choisinn an Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dùthchail, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich agus Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba Duaisean Òir ann an Sgeama Gnìomhachas Turasachd Uaine sa Chèitean 2017 – am prògram teisteanais as motha is as stèidhichte air seasmhachd san t-saoghal. Chuir ar cuid dìchill le bhith ag obrachadh gu cùramach, gu mothachail agus gu seasmhach, agus isleachadh san làraich-carboin againn, ris an t-soirbheas seo.

An obair a tha romhainn

A dh'ionnsaigh an tuilleadh soirbheis

Taisbeanadh Chultaran

Tha coileanadh mòr-phlana Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba thar 15 bliadhna is luach £80 millean ri fhaicinn an lùib cruthachadh dà ghaileiridh a tha a' taisbeanadh chruinneachaidhean chliùiteach air an Èiphit o shean agus trì de chultaran mòra Àisia an Ear – Sìona, An t-Seapan agus Coirèa. Bidh an dà ghaileiridh a' fosgladh aig toiseach 2019 agus a' taisbeanadh còrr is 1200 nì, 40% dhiubh nach robhar a' taisbeanadh fad ginealaich no na b' fhaide.

Bidh an gaileiridh *Ancient Egypt Rediscovered* a' taisbeanadh cultar iongantach nan seann-Èipheiteach, agus ag innse sgeulachdan fa leth airson ionnsachadh mu bheusan is beatha nan daoine. Bidh na taisbeanaidhean a' sealltainn beairteas nan cruinneachaidhean Èipheiteach againn a bhathar a' cruinneachadh fad còrr is 150 bliadhna.

Tha aon de na cruinneachaidhean Àisianach an Ear as fheàrr againn ann am Breatainn. Bidh *Exploring East Asia* a' taisbeanadh seallaidh air leth air Àisia an Ear, a leigeas leis an luchd-tadhail cleachdaidhean, daoine is eachdraidh nan trì cultaran iongantach seo a rannsachadh is coimeas a dhèanamh eatarra.

Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta

Tha Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta, aig teis-meadhan libhrigeadh na lèirsinn ro-innleachdail againn, ionad a tha an dà chuid gnìomhail is beothail, airson cleachdadh, rannsachadh, stòradh is gleidheadh fad-ùine nan Cruinneachaidhean Nàiseanta. Dh'fhosgail sinn togalach ùr luach £3.4 millean far a bheil goireasan gleidhidh is saidheans a bhios a' leudachadh nan comasan gleidhidh, rannsachaidh, iasaid is taisbeanaidh againn, cho math ri bhith a' cumail taic ris a' phrògram de thaisbeanaidhean taistealach nàiseanta is eadar-nàiseanta a tha a' dol am meud. Tha am prògram soirbheachail de thursan poblach air an làraich gach mìos a' leantainn, cho math ri leudachadh cothroman cleachdaidh air na cruinneachaidhean nach eilear a' taisbeanadh agus a' toirt seachad sealladh den obair a tha a' dol air cùl nan taisbeanaidhean.

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich

Thèid dealbhadh airson na h-ath ìre de leasachadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich a chur air chois ann an 2018. Thèid togalach fàilteachaidh is taisbeanaidh a dhealbhadh an lùib *Comet to Concorde*, a leigeas leinn freagairt ri obair gleidhidh is àrainneachail a tha èiginneach agus cur ri tursan an luchd-tadhail.

Buidheachas

Bidh an luchd-taic a' cur gu mòr ris na taighean-tasgaidh againn. Mura b' e na Buill, Luchd-taic is Luchd-tabhartais againn, na daoine a bhios gar cumail nar cuimhne nan cuid thiomnaidhean, agus na daoine a bhios a' maoineachadh ar cuid obrach, cha bhiodh e comasach a bhith a' gleidheadh Chruinneachaidhean Nàiseanta na h-Alba no a' taisbeanadh nan nithean àibheiseach a tha fo ar cùram. Ann an 2017, thug ar luchd-cuideachaidh dhuinn taic airson taisbeanaidhean àlainn a chruthachadh, nithean cudromach a cheannach, ar cuid chruinneachaidhean a thaisbeanadh air feadh Alba agus cothrom a thoirt do mhilleanan de dhaoine eòlas a chur air na sàr thaighean-tasgaidh againn. Tha sinn fada nur comain.

An luchd-taic againn ann an 2016/17

Prìomh Bhuidhnean-maoineachaidh

Maoin Dualchais a' Chrannchair
Riaghaltas na h-Alba

Urrasan agus Buidhnean Eile

Acadamaidh Rìoghail nan Ealain
Antiquarian Horological Society
Art Fund
Cluicheadairean People's Postcode Lottery
Comhairle Lodainn an Ear
Consalachd na Danmhairg
Ealain agus Gnìomhachas Alba
Edinburgh Decorative and Fine Arts Society
Maoin Dunard
The Norfolk Caledonian Society
Stèidheachd Hugh Fhriseil
Stèidheachd ScottishPower
Stèidheachd Sir Tom Farmer
Stèidheachd Wolfson
Urras Binks
Urras Carthannach
Urras Carthannach Clann-nighean Rois
Urras Carthannach Jean agus Roger Miller
Urras Carthannach Margaret Murdoch
Urras Carthannach MhicUalraig
Urras Carthannach Mrs J M Fhriseil
Urras Carthannach Nancie Massey
Urras Carthannach Rock Lodge
Urras Carthannach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba
Urras Castansa
Urras MhicRaibeirt
Urras Robasdain
Viridor Credits Environmental Company
Wellcome

Daoine fa leth agus Dìleaban

Patricia Barclay
Janette Bowen
Mary Bownes agus Michael Greaves
Emily Brady
Sir Robert Clerk

Sir Sandy agus a' Bhean-uasal Crombie
Norma Drummond
Peter George Falconer, nach maireann
Nick Felisiak
Ian J Fleming, nach maireann
Sir Angus agus a' Bhean-uasal Grossart
Ban-dubhairiche Hamilton
Jean Keeling
Christine Lessels
Donald agus Louise MacDhòmhnaill
Iain agus Andrea MacAoidh
Murdoch MacPhilip
Anna Magee
Ian Marchant
Caroline Nic an t-Saoir
Anne Collier Pringle, nach maireann
William Samuel
Walter Grant Scott
George agus Moira Stiùbhairt

Corporra

Allander Print
Artemis Investment Management
Baillie Gifford Investment Managers
Brewin Dolphin Ltd Diageo
The Glenmorangie Company
Morton Fraser
Shepherd and Wedderburn
Stewart Investors
Aaron Duke, neach-baidhsagail aig *Wheels and Wings* aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich.

Stèidheachd Ameireaganach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba

Kate agus Gordon Baty *mar chuimhneachadh air Margaret Struckmeir*
Prudence Carlson agus a Teaghlach
The Decorative Arts Trust
Dianne Embree
Gail T Kerr *mar chuimhneachan air David Kerr*
Lynda Logan
James B Luke
Robert agus Fulvia McCrie
James MacIlFhinnein
Stèidheachd K T Wiedemann
Stèidheachd Negaunee
An t-Àrd-oll. Stephen Thomas agus A' bh. Ellen Thomas
Jane Trevarthen-Traub

Luchd-taic

Alan agus Dr Karen Aitchison
Geoffrey agus Mary Ball
Patricia Barclay
Malcolm Bowie
Mgr agus A' Bh. Richard Burns
Jennifer, Bana-mharcas Bhòid

Cahal Dowds
Am Morair agus a' Bhean-ualsal Camshron Loch a' Bhraoin
Corinne Cervetti agus Adam Fowler
A' Bhean-phòsta Carol Colburn Grigor
Colin Dempster agus Deborah NicThòmais
Janice Dickson
Sir David agus A' Bhean-ualsal Edward
Sir Gerald agus a' Bhean-ualsal Elliot
Mr James Fearghasdan
Nick Felisiak
Mr Justice Angus Foster agus Dr Fiona Foster
Sir Charles agus A' Bhean-ualsal Friseal
James agus Amanda Garden
Gavin agus Kate Gemmell
Am Morair agus A' Bhean-ualsal Gòrdan Shrath Bhlàthain
Ronald agus Mirren Greumach
A' Bhean-ualsal Ghrannnd
Alexander Gray
Kenny agus Julia Greig
Donald M Hardie
J Douglas Home
Am Morair agus A' Bhean-ualsal Hope à Craighhead
Flora Hunter
Alan Johnston
Barrie agus Janey Lambie
Brian agus Tari Lang
Andrew agus Hanne Latham
Gavin agus Joanne Law
Robert agus Shona Lightbody
Roger Lindsay à Craighall
Lynda Logan
A' Bhean-phòsta Elizabeth Lornie
Duncan agus Ellie MacFhionghain
Simon agus Catriona Mac an Tòisich
Fenella MacIIEathain
Sir Hamish agus A' Bhean-ualsal MacLeòid
Ian agus Elizabeth Marchant
Chris agus Gill Masters
Alexander agus Elizabeth MacColla-Mac a' Ghobhainn
Miller agus Anne MacIIEathain
Angus MacLeòid agus Campbell Armour Malcolm MacLeòid
James agus Iris Miller
Keith agus Lee Miller
Sir Ronald agus A' Bhean-ualsal Lady Miller
Angus agus Angela Milner-Brown
Derek agus Maureen Moss
Malcolm agus Muriel Moireach
Tom agus Susan Moireach
Nicola Pickavance
Sir William agus A' Bhean-ualsal Purves
Ian Rankin agus Miranda Harvey
Shirley Richardson

Dr Ian Ritchie
Paul Roberts agus Stephanie Donaldson
Iarla agus Ban-iarla Roseberry
Colin agus Hilary Ross
David Ross
Ian agus Fiona Russell
June Rutterford
William Samuel
Barry agus Helen Sealey
Andrew agus Alison Shepherd
Alan agus Frances Steel
Sir Brian agus A' Bhean-ualasal Shona Stiùbhart
George agus Moira Stiùbhart
Ian agus Flora Sword
Nick agus Katherine Thomas
Ian Tudhope agus Lindy Patterson
A' Bhean-phòsta Katrina Nic an Tuairneir
Dr Mark Urchardan
Max Ward agus A' Bhean-ualasail Sarah Ward
Colin agus Helen Weddell
Elizabeth G Whitelaw
Graham Whyte agus Sarah Whitley
Dr Kenneth Wilkie
Am Morair agus A' Bhean-ualasal Wilson à Tillyorn
Eilidh Wiseman
Bill Zachs agus Martin Adam

Tha sinn cuideachd airson taing a thoirt dhaibhsan a tha air stiùireadh, eòlas agus ùine a thoirt seachad airson taic a chumail ri obair Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Bòrd nan Urrasairean

Bruce Minto OBE, Cathraiche
Ann Allen *bho 1 Giblean 17*
An t-Àrd-ollamh Mary Bownes OBE
bho 1 Giblean 17
Professor Christopher Breward
Adam Bruce *bho 1 Giblean 17*
Dr Isabel Bruce OBE *gu 31 Màrt 17*
Gordon Drummond
Chris Fletcher
Dr Anna Gregor CBE *gu 31 Màrt 17*
Andrew Holmes *gu 31 Màrt 17*
Dr Brian Lang CBE
Lynda Logan
Miller MacIIEathain
Dr Catriona NicDhòmhnaill
An t-Àrd-ollamh Walter Nimmo CBE
Janet Stevenson *bho 1 Giblean 17*
James Troughton
Eilidh Wiseman

Bòrd Iomairtean Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba

Gordon Drummond

Aileen Lamb

Bruce Minto OBE

Dr Gordon Rintoul CBE

David Spilsbury *gu Màrt 2017*

Stephen Whitelaw

Bòrd Leasachaidh

Malcolm Offord, Cathraiche

Colin Dempster

Lynda Logan

Bruce Minto OBE

Leith Robertson

A' Bhean-uasal Shona Stiùbhart

An t-Àrd-ollamh Walter Nimmo CBE

Eric Young

Stiùirichean Stèidheachd Ameireaganach Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba

Christopher Gow

Lynda Logan

A J C Mac a' Ghobhainn

Pannal Comhairle Saidheans agus Teicneolais

An t-Àrd-ollamh Mary Bownes OBE

An t-Àrd-ollamh Charles Cockell

Dr Simon Gage OBE

An t-Àrd-ollamh Mary Gibby

Mgr Chris van der Kuyl

Mgr Ian Marchant

An t-Àrd-ollamh Jon Oberlander

Dr Heather Reid OBE

Dr Ian Ritchie CBE FRSE

An t-Àrd-ollamh Sheila Rowan MBE

Sir John Savill FRS FRSE

An t-Àrd-ollamh Wilson Sibbett CBE

An t-Àrd-ollamh Graham Wren

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt do dh'Urrasairean Urras Carthannach nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta airson an cuid taic leantainneach.

James MacFhearghais, Cathraiche

A' Bhean-urramach Kathleen Dalyell of The Binns

A' Bhean-uasal Elizabeth Edward

Jo Elliot

Kenny Greig

Dr Brian Lang

Bruce Minto OBE

Martin Sinclair

Tha an tuilleadh fios air ciamar a b' urrainnear a thighinn an sàs no taic a chumail ri ar cuid obrach aig an Sgioba Leasachaidh againn air 0131 247 4095, no development@nms.ac.uk

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' glèidheadh cruinneachaidhean taigh-tasgaidh a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, gan taisbeanadh is gam mìneachadh airson raon farsaing de dhaoine.

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich
Taigh-tasgaidh Nàiseanta Dùthchail
Taigh-tasgaidh Nàiseanta Cogaidh
Ionad Chruinneachaidhean nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta

Tha an Aithisg agus Cunntasan Bliadhnail againn ri fhaighinn aig www.nms.ac.uk/review

Tha an dreach Beurla den Chunntas seo ri fhaighinn aig www.nms.ac.uk/review-2017

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
Sràid Chambers
Dùn Èideann EH1 1JF

0300 123 6789
info@nms.ac.uk
www.nms.ac.uk

Àireamh Carthannais Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba SC011130

Tha an Cunntas Bliadhnail seo ri fhaighinn ann an clò mòr, Braille agus air CD.